

# Solais trafaig

Anns a' bhaile, air an rathad  
Anns a' bhaile, air an rathad  
Anns a' bhaile, air an rathad  
A' stad aig solais trafaig

*In the town, on the road x3*

*Stopping at traffic lights*

Stad a-nis! Tha e dearg  
Stad a-nis! Tha e dearg  
Stad a-nis! Tha e dearg  
Dearg aig solais trafaig

*Stop now! It's red x3*

*Red at traffic lights*

Anns a' bhaile, air an rathad  
Anns a' bhaile, air an rathad  
Anns a' bhaile, air an rathad  
A' stad aig solais trafaig

*In the town, on the road x3*

*Stopping at traffic lights*

Dèan deiseil! Tha e buidhe  
Dèan deiseil! Tha e buidhe  
Dèan deiseil! Tha e buidhe  
Deiseil 'son a' dhol dhachaigh

*Get ready! It's amber x3*

*Ready for going home*

Anns a' bhaile, air an rathad  
Anns a' bhaile, air an rathad  
Anns a' bhaile, air an rathad  
A' stad aig solais trafaig


*In the town, on the road x3*

*Stopping at traffic lights*

Thalla a-nis! Tha e uaine  
Thalla a-nis! Tha e uaine  
Thalla a-nis! Tha e uaine  
Thalla, thalla dhachaigh!

*Go now! It's green x3*

*Go, go home!*



# Seillean-mòr



Ann an cùl a' ghàrraidh,

Dubh is buidhe is dubh.

Ann an cùl a' ghàrraidh,

An seillean-mòr cho tiugh.

(Sèist)

Bsss, bsss, bsss, bsss.

Càit a bheil thu (a') dol?

Bsss, bsss, bsss, bsss.

Flùraichean is poll.

Ann an cùl a' ghàrraidh,

Na flùraichean a' fàs.

Ann an cùl a' ghàrraidh,

Tha iomadh seòrsa dath.

Ann an cùl a' ghàrraidh,

Flùraichean gu leòr.

Ann an cùl a' ghàrraidh,

Tha an seillean-mòr.

*In the back of the garden,*

*Black and yellow and black.*

*In the back of the garden,*

*The big bee so fat.*

*Buzz, buzz, buzz, buzz.*

*Where are you going?*

*Buzz, buzz, buzz, buzz.*

*Flowers and mud.*

*In the back of the garden,*

*The flowers are growing.*

*In the back of the garden,*

*Many types of colour.*

*In the back of the garden,*

*Many flowers.*

*In the back of the garden,*

*Is the big bee.*



# Seall sin!

Seall sin, seall sin! Aon, dhà trì.

Craobhan mòra, mòra is cho beag 's a tha mi!

Seall sin, seall sin! Aon, dhà, trì

Flùraichean is biastagan, cho mòr 's a tha mi!

Leum suas, leum sìos! Aon, dhà, trì

A' splaiseadh anns na lòintean is chan eil mi sgìth!

*Look at that, look at that! 1,2,3.*

*Big, big trees and I am so small!*

*Look at that, look at that! 1,2,3.*

*Flowers and insects and I am so big!*

*Jump up, jump down! 1,2,3.*

*Splashing in the puddles and I am not tired!*



# Salach is fliuch

Poll is lòintean

Salach is fliuch, salach is fliuch, salach is fliuch

Poll is lòintean, salach is fliuch

Salach is fliuch gach latha.

A' splaiseadh anns na lòintean,

Nam shuidhe 'sa pholl, nam shuidhe 'sa pholl,  
nam shuidhe 'sa pholl

A' splaiseadh anns na lòintean, nam shuidhe  
'sa pholl

Nam shuidhe 'sa pholl gach latha.

Poll is lòintean

Salach is fliuch, salach is fliuch, salach is fliuch

Poll is lòintean

Salach is fliuch, salach is fliuch gach latha.

A' ruith tro na lòintean

A' leum anns a' pholl, a' leum anns a' pholl,  
a' leum anns a' pholl

A' ruith tro na lòintean, a' leum anns a' pholl

Salach is fliuch is sunndach!

*Mud and puddles*

*Dirty and wet X3*

*Mud and puddles, dirty and wet*

*Dirty and wet every day.*

*Splashing in the puddles*

*Sitting in the mud X3*

*Splashing in the puddles,  
sitting in the mud*

*Sitting in the mud every day.*

*Running through the puddles*

*Jumping in the mud x3*

*Running through the puddles,  
jumping in the mud*

*Dirty and wet and happy!*



# Is toigh leam a bhith a-muigh

'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
Le biastagan is flùraichean

*I like to be outside x3  
With insects and flowers*

'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
A' cur lusan is sìol

*I like to be outside x3  
Planting plants and seeds*

'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
A' biadhadh nan eun

*I like to be outside x3  
Feeding the birds*

'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
'S toigh leam a bhith a-muigh  
A' sreap chraobhan àrda.

*I like to be outside x3  
Climbing high trees*



# Dè chì mi sa bhaile?

Dè chì mi sa bhaile  
sa bhaile, sa bhaile?  
Dè chì mi sa bhaile?  
sa bhaile an-diugh?

*What can I see in the town,  
In the town, in the town?  
What can I see in the town?  
What can I see today?*

Chì mise càraichean,  
càraichean, càraichean.  
Chì mise càraichean  
A' falbh an-diugh

*I can see cars  
cars, cars.  
I can see cars  
Going/leaving today*

Chì mise busaichean,  
busaichean, busaichean  
Chì mise busaichean  
Ag obair an-diugh

*I can see buses,  
buses, buses.  
I can see buses  
Working today*

Chì mise bùithtean,  
bùithtean, bùithtean.  
Chì mise bùithtean  
Fosgailt' an-diugh.

*I can see shops,  
shops, shops.  
I can see shops  
Open today.*

Chì mise pàirc mhòr  
Pàirc mhòr, pàirc mhòr  
Chì mise pàirc mhòr  
Sam bi sinn a' cluich.

*I can see a big park,  
A big park, a big park.  
I can see a big park  
In which we play.*



# Cuiridh mi orm mo chòta

Cuiridh mi orm mo chòta

*I'll put on my coat*

Tha i fuar a-muigh

*It's cold outside*

Cuiridh mi orm mo chòta

*I'll put on my coat*

Tha fead aig a' ghaoith

*The wind is whistling*

Cuiridh mi orm mo chòta

*I'll put on my coat*

Tha i fuar a- muigh

*It's cold outside*

Spoken (Suis, suis, suis, suis, suis, suis, suis!)

*(Wind sounds)*

Cuiridh mi orm mo bhòtannan

*I'll put on my boots*

Tha i fliuch an-diugh

*It's wet today*

Cuiridh mi orm mo bhòtannan

*I'll put on my boots*

An t-adhar liath is dubh

*The grey and black sky*

Cuiridh mi orm mo bhòtannan

*I'll put on my boots*

Tha i fliuch an-diugh

*It's wet today*

Spoken (Splis, splais, splis, splais, splis, splis, splais!)

*(Splashing sounds)*

Cuiridh mi orm mo bhriogais ghoirid

*I'll put on my shorts*

Tha i brèagha, a ghràidh

*It's lovely, my dear*

Cuiridh mi orm mo bhriogais ghoirid

*I'll put on my shorts*

Grianach aig an tràigh

*Sunny at the beach*

Cuiridh mi orm mo bhriogais ghoirid

*I'll put on my shorts*

Tha i brèagha, a ghràidh

*It's lovely, my dear*

Spoken (Fiù, fiù, fiù, fiù, tha mi blàth!)

*(Feeling hot sounds. I am warm!)*

# Chì mi na craobhan àrda

Chì mi na craobhan àrda X3  
Agus bidh mi sunndach.

*I can see the tall trees X3  
And I am cheery.*

Ho rò rudan beaga, ho rò rudan mòr,  
Ho rò rudan beaga,  
Agus bi mi sunndach.


*Ho ro little things, ho ro big things,  
Ho ro little things,  
And I am cheery.*

Chì mi an abhainn lùbach

*I can see the winding river...*

Chì mi na beanntan mòra...

*I can see the big mountains...*






# Cà' bheil mi?

Busaichean is càraichean air an rathad  
Busaichean is càraichean air an rathad  
Busaichean is càraichean air an rathad  
Cà' bheil mi? Anns a' bhaile!

Bùithtean is taighean air feadh an àit'  
Bùithtean is taighean air feadh an àit'  
Bùithtean is taighean air feadh an àit'  
Cà' bheil mi? Anns a' bhaile!

Feur is flùraichean air feadh an àit'  
Feur is flùraichean air feadh an àit'  
Feur is flùraichean air feadh an àit'  
Cà' bheil mi? Air an dùthaich!

Abhainn is beanntan thall an sin  
Abhainn is beanntan thall an sin  
Abhainn is beanntan thall an sin  
Cà' bheil mi? Air an dùthaich!



# Annas na lòintean

Tha sinn a' splaiseadh anns na lòintean  
Tha sinn a' splaiseadh anns na lòintean  
Tha sinn a' splaiseadh anns na lòintean  
Fad an latha, gach latha

*We are splashing in the puddles X3  
All day, everyday*

Splisidh, splaisidh anns na lòintean  
Splisidh, splaisidh anns na lòintean  
Splisidh, splaisidh anns na lòintean  
Fad an latha, gach latha

*Splishy, splashy in the puddles X3  
All day, everyday*

Tha spòrs againn anns na lòintean  
Tha spòrs againn anns na lòintean  
Tha spòrs againn anns na lòintean  
Fad an latha, gach latha

*We are having fun in the puddles X3  
All day, everyday*

Splisidh, splaisidh anns na lòintean  
Splisidh, splaisidh anns na lòintean  
Splisidh, splaisidh anns na lòintean  
Fad an latha, gach latha

*Splishy, splashy in the puddles X3  
All day, everyday*

